In all its shame and woe.
- 5 Hence God this gen'rous love to men
With honours just hath crown'd,
And rais'd the name of Jesus far
Above all names renown'd ;
- 6 That at this name, with sacred awe,
Each humble knee should bow,
Of hosts immortal in the skies,
And nations spread below :
- 7 That all the prostrate pow'r's of
hell
Might tremble at his word,
And ev'ry tribe, and ev'ry tongue,
Confess that he is Lord.

LIII. 1 Thessal. iv. 13, to the end.

- 1 TAKE comfort, Christians, when
your friends
In Jesus fall asleep ;
Their better being never ends ;
Why then dejected weep ?
- 2 Why inconsolable, as those
To whom no hope is giv'n ?
Death is the messenger of peace,
And calls the soul to heav'n.

- 3 Mar chaochail Criod, 's mar dhuisg
Le buaidh o staid a' bháis : se suas
Is amhluidh dh' eireas fós a shluagh
Le luathghair là a' bhráth.
- 4 O thig an là san tuirling Criod,
Le h-iolaich, o na neoil, [truimp,
Le guth ard-aingil 's fuaim na
A chluinn gach marbh is beo.
- 5 'N sin ath'raicheadh an dream tha
beò,
'S dùisgear na slòigh ta marbh;
Liubhraidh gach uaigh na shuair i
fein,
'S bidh sléibh' air chrith gu garbh.
- 6 Eiridh na naoimh a suas air tús,
O 'n tir le h-aoibhneas mór;
Ni aingle Dhé an coinneachadh,
'S an togail leo gu glóir.
- 7 Le chéile théid iad suas gu h-ait,
Gu tigh an Athar chaoimh,
Sam faigh iad còmhnuidh shiorle 'n
Triath,
Gun iarguin is gun chlaoiadh.
- 8 Fós tamall beag, is ruigidh sinn
An caladh ait fadheòidh,
San coinnich sinn na sgaradh vainn,
'S cha dealaich siun ni 's mó.

LIV. 2 Tim. i. 12.

- 1 CHA 'n aobhar náire leamsa Criod,
No 'chuís a dhion gu beachd:
A crann a cheusaидh ni mi uaill;
Géilleam gach uair d'a reachd.
- 2 Iosa, mo Dhia! is eòl dhomh 'ainm,
Is earbam as gu bràth;
Cha náraich esan m'anam truagh,
'S cha chum e uam a ghràs.
- 3 Daingean is buan, mar chaithir Dhia,
Gach cian tha gealladh Chriod;
O! 's tèaruint' m'anam-sa 'na làimh,
Gu là a theachd a ris.
- 4 San là sin failtichidh e m' ainm,
An lathair 'Athar chaoimh;
Is sealbh san Nuadh Jerusalem
Do m'anam bheir le naoimh.

LV. 2 Tim. iv. 6, 7, 8, 18.

- 1 CHRIOCHNAICH mi nis mo chath 's
mo réis;
Is dlùth diomh eug is uaigh;
M'anam a choisrig mi do Dhia,
Triallaidh gu néamh le buaidh.
- 2 Le armaibh néamhaidh chuir mi 'n
eath,
Fo bhrataich Chriod mo Thriath:
Ruth mi mo réis, mo dhilseachd
dhearrbh,
'S tha m' earbs' á duais o m' Dhia.

- 3 As Jesus died, and rose again
Victorious from the dead;
So his disciples rise, and reign
With their triumphant Head.
- 4 The time draws nigh, when from the
clouds
Christ shall with shouts descend,
And the last trumpet's awful voice
The heav'ns and earth shall rend.
- 5 Then they who live shall changed be,
And they who sleep shall wake;
The graves shall yield their ancient
charge,
And earth's foundations shake.
- 6 The saints of God, from death set
free,
With joy shall mount on high;
The heav'ly hosts with praises loud
Shall meet them in the sky.
- 7 Together to their Father's house
With joyful hearts they go;
And dwell for ever with the Lord,
Beyond the reach of woe.
- 8 A few short years of evil past,
We reach the happy shore,
Where death-divided friends at last
Shall meet, to part no more.

LIV. 2 Tim. i. 12.

- 1 I'M not ashamed to own my Lord,
Or to defend his cause,
Maintain the glory of his cross,
And honour all his laws.
- 2 Jesus, my Lord! I know his name,
His name is all my boast;
Nor will he put my soul to shame,
Nor let my hope be lost.
- 3 I know that safe with him remains,
Protected by his pow'r,
What I've committed to his trust,
Till the decisive hour.
- 4 Then will he own his servant's name
Before his Father's face,
And in the New Jerusalem
Appoint my soul a place.

LV. 2 Tim. iv. 6, 7, 8, 18.

- 1 MY race is run; my warfare's o'er;
The solemn hour is nigh,
When, offer'd up to God, my soul
Shall wing its flight on high.
- 2 With heav'ly weapons I have
fought
The battles of the Lord;
Finish'd my course, and kept the
faith,
Depending on his word.

202 LAOIDH LVI. LVII.

- 3 Fa m' chomhair-sa thaig Dia air nèamh,
Gu tèaruint' crùn na glòir';
A chuireas a làmh-san air mo cheann
Air teachd do'n là mhòr.
4 Mo Dhia cha d' orduish dhomhsa
An coron so mar dhuaic; [mhàin
Ach do gach neach le'n ionmhuinn
A mhic, o nèamh a nuas. [teachd
5 O lochd 's o chunnart dionaidh
Criosd;
Mo choimhead ni gach uair;
'S gu tèaruint' m'anam treòraichidh
Gu riogh'chd na glòire shuas.
6 Bheir mi, le còmhnuadh treun mo
Dùlan do ifrinn séin; [Thriath,
Is dhasan gu robh glòir ro-àrd
Is clu gu bràth. Amen:

LVI. Titus iii. 3—9.

- 1 AIDICHIDH siun le tuisce cridh'
Ro mheud ar ciont', a Dhé,
B'amaideach faoin ar n-uile smuain,
'S cha b'fhearr ar giùlan gnè.
2 Ach thoir, O m'anam, cliu is gràdh
Do àrd-ainm Righ nan sluagh,
Nach d' fhàg thu'm feasd, gun teas-
airginn,
Am peacadh, nàire, 's truaigh'.
3 Cha'n ann tre oibribh fireantachd,
No gniomh ar làmha séin,
Ach tre ghràs Dhé, an Iosa Criosd,
A shaorar sinn o phéin.
4 Is ann an tròcair Dhé a mhàin,
A ta ar muinghinn threun;
A thòcair shaor ar n-an'ma' truagh',
'S ghlan uainn gach ciont' is beud.
5 Tha'n Spiorad dhòirteadh oirnn tre
Ios',
A' nigheadh dhinn gach sal,
A' fadadh teas-ghràdh feadh ar cridh',
'S 'gar deauamh naomha glan.
6 Mar so, làn-shireanaicht' le gràs,
Gach là le beatha nuaidh
Sior-ghluaisidh sinn, 's an Spiorad
leinn,
Gu ruig ar n-oighreachd shuas.
7 Na h-uile 'gam bheil shamhul so
Do chreidimh 's dòchas naomh,
Sior-dhearbhadh iad, le giulan maith,
Nach 'eil an dòchas faoin.

LVII. Eabh. iv. 14—16.

- 1 IOSA Mac Dhé, leig aon uair sios
A bheath' air son a shluaign,
Tha nis a' tagradh 'n cùis air nèamh
Mar shagart treun bheir buaidh.
2 Tre beatha 's bàs sior-leapamaid
Ri Criosd gu daingean dlùth :

PARAPH. LVI. LVII.

- 3 Henceforth there is laid up for me
A crown which cannot fade:
The righteous Judge at that great
day
Shall place it on my head.
4 Nor hath the Sov'reign Lord de-
creed
This prize for me alone;
But for all such as love like me
Th' appearance of his Son.
5 From ev'ry snare and evil work
His grace shall me defend,
And to his heav'nly kingdom safe
Shall bring me in the end.

LVI. Titus iii. 3—9.

- 1 HOW wretched was our former
state,
When, slaves to Satan's sway,
With hearts disorder'd and impure,
O'erwhelm'd in sin we lay!
2 But, O my soul! for ever praise,
For ever love his name,
Who turn'd thee from the fatal
paths
Of folly, sin, and shame.
3 Vain and presumptuous is the trust
Which in our works we place,
Salvation from a higher source
Flows to the human race.
4 'Tis from the mercy of our God
That all our hopes begin;
His mercy sav'd our souls from
death,
And wash'd our souls from sin.
5 His Spirit, through the Saviour shed,
Its sacred fire imparts,
Refines our dross, and love divine
Rekindles in our hearts.
6 Thence rais'd from death, we live
And, justified by grace. [anew;
We hope in glory to appear,
And see our Father's face.
7 Let all who hold this faith and hope
In holy deeds abound;
Thus faith approves itself sincere,
By active virtue crown'd.
LVII. Heb. iv. 14, to the end.
1 JESUS, the Son of God, who
once
For us his life resign'd,
Now lives in heav'n, our great High
Priest,
And never-dying friend.

- O chreidimh 's dòchas gheibh sinn neart,
Is théid gach geilt air chùl.
- 3 Gu borb cha bhuin ri laigse dhaoin',
Caomh-Shagart àrd an aigh ;
Tha 'chridhe làn do thruacantachd,
Tha 'anam làn do ghràdh.
- 4 Co-fhulangas tha aig an Triath
Air iarguin 's laigs' a shluagh ;
Oir dh'fhiorsaich e 'na phearsa féin
Gach deuchainn agus truaigh'.
- 5 Seadh dh'fhiorsaich e 'na phearsa féin,
Gidheadh as eugmhais lochd :
Oir nàdur duine ge do ghabh,
Cha b'aithne dha-san ole.
- 6 Bu tuirseach deurach air ar son,
A chaith e 'láith' fo 'n ghréin ;
'S ge h-àrd e nis air deas-làimh
Co-mhothaichidh ar péin. Dhé,
- 7 Le dànaichd naomha, uime sin,
Théid sinn gu 'chaithir-ghràis ;
Is fath gach gearain doirtidh sinn
'Na fhianuis anns gach càs :
- 8 A chum gu'u còmhnaidh esan leinn
Rèir saoibhreachd a ghrais ;
'S gu'n tugadh e d'ar n-an'maibh lag
Neart agus fois gu bràth.

LVIII. AIR DHOIGH EILE.

- 1 SAN teampull am bheil Dia 'na thàmh ;
(Tigh nach do thogadh rianh le làimh.)
Tha Sagart àrd a' chinne-daoin',
Ar Slànuighear 's ar caraid caoin.
2 Esan a sheas an àit a shluagh,
Dhoirt 'fhuil 'nan riochd, 's a luidh san uaigh,
Tha cuimhneach orra fòs air néamh,
An Slànuighear 's an caraid sèimh.
3 Ge h-àrd e nis sna néamhaibh shuas,
Tha 'shùil a' dearcadh oirnn a nuas ;
Làn sgeadaichte le nàdur dhaoin',
Tha e min-eòlach air an saoth'r.
4 Co-fhulangas tha aige ghnàth,
'S co-mhothachadh ri 'r n-uile chràdh ;
Tha cuimhn' aig air a thrioblaid féin,
A dheoir, a ghoimh, is 'osnaich gheur.
- 5 Gach dòrainn dh' fheudas oirnne teachd,
Fo shamhail sin rinn esan gleachd ;
D'ar n-uile bhrón tha 'chuid-san mòr,
Is bheir e cabhair dhuiun gu leòr.

- 6 Fa 'n aobhar sin théid sinn gu dàn
Le 'r n-uile ghearan gus a làth'r ;
Is guidhidh sinn a chòmhnaidh treun,
G'ar cuideachadh an uair ar feim.

- 2 Through life, through death, let us
With constancy adhere ; [to him
Faith shall supply new strength, and
Shall banish ev'ry fear. [hope
- 3 To human weakness not severe
Is our High Priest above ;
His heart o'erflows with tenderness,
His bowels melt with love.
- 4 With sympathetic feelings touch'd,
He knows our feeble frame :
He knows what sore temptations
For he has felt the same. [are,
- 5 But though he felt temptation's
Unconquer'd he remain'd ; [pow'r,
Nor, 'midst the frailty of our frame,
By sin was ever stain'd.
- 6 As, in the days of feeble flesh,
He pour'd forth cries and tears ;
So, though exalted, still he feels
What ev'ry Christian bears.
- 7 Then let us, with a filial heart,
Come boldly to the throne
Of grace supreme, to tell our griefs,
And all our wants make known :
- 8 That mercy we may there obtain
For sins and errors past,
And grace to help in time of need,
While days of trial last.

LVIII.

- Another version of the same passage.*
- 1 WHERE high the heav'nly temple stands,
The house of God not made with hands,
A great High Priest our nature wears,
The guardian of mankind appears.
2 He who for men their surety stood,
And pour'd on earth his precious blood,
Pursues in heav'n his mighty plan,
The Saviour and the friend of man.
3 Though now ascended up on high ;
He bends on earth a brother's eye ;
Partaker of the human name,
He knows the frailty of our frame.
4 Our fellow-suff'r yet retains
A fellow-feeling of our pains ;
And still remembers in the skies
His tears, his agonies, and cries.
5 In ev'ry pang that rends the heart,
The Man of sorrows had a part ;
He sympathizes with our grief,
And to the suff'rer sends relief.
6 With boldness, therefore, at the throne,
Let us make all our sorrows known ;
And ask the aids of heav'nly pow'r
To help us in the evil hour.

LIX. Eabh. xii. 1—13.

- 1 FEUCH neoil ro-thiugh do shianuisibh
Ag iadhach oirnn mu 'n cuairt ;
An déigh, mar sinne, fulang cian,
Thug Dia leis iad a suas.
- 2 Air lorg nan naomh so ruitheamaid,
Chum Chriosd, le foighid bhuan ;
Gach leth-trom 's peacadh leanaitl-
Grad-thileamaid fad uainn. [each]
- 3 Ach riaghait-stiùraidh 's fearr na so,
'S ion thoirt fa'near air tús ;
Eisempleir Ios' a stiùras sinn,
Tre chreidimh chum ar crùin.
- 4 Ri 'r Ceannard, suas sior-dhearcam-
aid,
Neach, air son aoibhneis mhòir
Bha roimhe, dh'shuiling ceusadh 's
nàir'
'S an tràs tha riaghlaidh 'n glòdir.
- 5 Ma ghiulan Criosd gu foighidneach
Droch chainnt is fanoid sluaigh,
'N ion duinne, 'nuair ar sàruchaidh,
Bhi gearan cràidh no truaigh ?
- 6 Ri deuchainn ghairbh an d'rinn sibh
Mar Ios', gu fuil is bàs ? [stri]
Is focal Dé 'n do dhearmaid sibh,
Tha gealltuinn duibh a ghráis.
- 7 A mhic, deir e, le foighidinn,
Sior-shuiling mo chaomh-smachd,
Is creid, 'nuair dhearbas àmhghar
Gu bheil aig Diadhoti tlachd. [thu,
- 8 Teagaisgidh 'n t-Athair caomh mar
A naomh-chlann dhileas féin, [so
G' am fiosrachadh le docair chruidh,
'S le iomadh truaigh is péin.
- 9 Chi sinn mar so gur toigh leis sinn,
Tràth smachdaichear sinn leis,
'S nach leig e uaith air seachran sinn,
Gun suim air bith d'ar leas.
- 10 Do ghuth ar n-Athar thalmhaidh
bhos,
Nach tric a thug sinn géill ?
'S do thoil ar n-Athar nèamhaidh
shuas
Nach toir sinn suas sinn fein ?
- 11 Bheir athair talmhaidh smachd gu
trie,
Gun flios c'ar son d'a chloinn ;
Ach Dia a mhàin a chum ar leas,
Bheir docair 's euslaint dhuinn.
- 12 Is deacair leinne achmhasan
Is smachdachadh ar Dé ;
Ach toradh sith' is fireantachd
Gu siorruidh thig 'nan déigh.
- 13 A nis ma ta na meathar sinn
Le misnich lag ni 's mò ;
Ach earbamaid á tròcair Dhé,
'S dha géilleamaid r'ar bed.

PARAPH. LIX.

LIX. Heb. xii. 1—13.

- 1 BEHOLD what witnesses unseen
Encompass us around ;
Men, once like us, with suff'ring
tried,
But now with glory crown'd.
- 2 Let us, with zeal like theirs inspir'd,
Begin the Christian race,
And, freed from each encumb'ring
weight,
Their holy footsteps trace.
- 3 Behold a witness nobler still,
Who trod affliction's path,
Jesus, at once the finisher
And author of our faith.
- 4 He for the joy before him set,
So gen'rrous was his love,
Endur'd the cross, despis'd the
shame,
And now he reigns above.
- 5 If he the scorn of wicked men
With patience did sustain,
Becomes it those for whom he died
To murmur or complain ?
- 6 Have ye like him to blood, to death,
The cause of truth maintain'd ?
And is your heav'nly Father's voice
Forgotten or disdain'd ?
- 7 My son, saith he, with patient mind
Endure the chast'ning rod ;
Believe, when by afflictions tried,
That thou art lov'd by God.
- 8 His children thus most dear to him,
Their heav'nly Father trains,
Through all the hard experience led
Of sorrows and of pains.
- 9 We know he owns us for his sons,
When we correction share ;
Nor wander as a bastard race,
Without our Father's care.
- 10 A father's voice with rev'rence we
On earth have often heard ;
The Father of our spirits now
Demands the same regard.
- 11 Parents may err ; but he is wise,
Nor lifts the rod in vain ;
His chast'nings serve to cure the soul
By salutary pain.
- 12 Affliction, when it spreads around,
May seem a field of woe ;
Yet there, at last, the happy fruits
Of righteousness shall grow.
- 13 Then let our hearts no more de-
spond,
Our hands be weak no more ;
Still let us trust our Father's love,
His wisdom still adore.

- 1 ATHAIR na sith', 's a Dhé na seirc!
Do d' neart bheir sinne cliu;
An neart a dhùisg ar n-Aodhair suas,
Le buaidh, o ghlaibh na h-uir'.
- 2 O'n uir thog thu ar Triath an aird,
Gun spairn o chuibhreach báis;
Mar sin le 'fhuil is 'aiseirigh,
Shior naisg e 'n cùmhant gráis.
- 3 Le d' spiorad seulaich sinn, a Dhé,
Is dean sinn tòmh'l do d' thoil;
Chum as o d' naomh-reachd nach bi
Air seachran truagh a' dol. [sinn]
- 4 O! sgriobh do lagh air clàr ar cridh',
'Nar gniomh sior-dhealradh e!
'N sin ruigidh sinn, fo cheannsal
Chríosd,
Air seilbh an rioghachd nèimh.

LXI. 1 Pead. i. 3—4.

- 1 BEANNAICHT' gu robh ar Dia gu
sior,
Caomh-Athair Chríosd ar Triath;
Beannaicht' gu robh a thròcair mhòr,
'S a mhòrachd seadh gach iäl.
- 2 O'n uaigh tràth thog thu ris do Mhac,
'S a ghlac thu e gu nèamh,
Làn-chinnteach rinn thu sinne fös
Gu'n toir thu beò sinn fein.
- 3 Ri oighreachd shiorruidh ann an
glòir
Beò dhòchas thug thu dhuinn;
Oighreachd neo-thruaillidh saor o
A mhaireas feadh gach linn. [smal,
- 4 Gu ruige sin, le d' chumhachd treun,
Làn thearuint' bidh gach naomh;
Tre chreidimh stiùrar sinn gu slàint'
Le gràs do Spioraid Naoimh.

LXII. 2 Pead. iii. 3—14.

- 1 FEUCH! anns na làithibh deireann—
Suas éiridh gineal olc; [ach
D'am miannaibh peacach bheir iad
srian,
'S 'nam briathraibh their mar so:
- 2 C' àit bheil an gealladh thuirt o shean
Gu robh am breitheamh dlùth?
O linn ar sinnsear gus a so,
Cha'n fhàic sinn gnè do mhùth.
- 3 Tha bliadhna' air bhliadhnaibh ruith
gun tàmh,
Mar bha o thus an t-sao'il: [traigh,
'S mar thonn air thuinn a' ruith gu
Gu bràth bidh gineal dhaoin'.
- 4 So deir iad, aineolach d'an déòin
Gu'n d' dhòirteadh tuil a nuas,
A sgrios an saoghal ceannairceach
A chaidh air seachran truagh.

- 1 FATHER of peace, and God of love!
We own thy pow'r to save,
That pow'r by which our Shepherd
Victorious o'er the grave. [rose
- 2 Him from the dead thou brought'st
again,
When, by his sacred blood,
Confirm'd and seal'd for evermore,
Th' eternal cov'nant stood.
- 3 O may thy Spirit seal our souls,
And mould them to thy will,
That our weak hearts no more may
But keep thy precepts still; [stray,
- 4 That to perfection's sacred height
We nearer still may rise,
And all we think, and all we do,
Be pleasing in thine eyes.

LXI. 1 Pet. i. 3—5.

- 1 BLESS'D be the everlasting God,
The Father of our Lord;
Be his abounding mercy prais'd,
His majesty ador'd.
- 2 When from the dead he rais'd his
Son,
And call'd him to the sky,
He gave our souls a lively hope
That they should never die.
- 3 To an inheritance divine
He taught our hearts to rise;
'Tis uncorrupted, undefil'd,
Unfading in the skies.
- 4 Saints by the pow'r of God are
kept
Till the salvation come:
We walk by faith as strangers here;
But Christ shall call us home.

LXII. 2 Pet. iii. 3—14.

- 1 LO! in the last of days behold
A faithless race arise;
Their lawless lust their only rule;
And thus the scoffer cries:
- 2 Where is the promise, deem'd so
true,
That spoke the Saviour near?
E'er since our fathers slept in dust,
No change has reach'd our ear.
- 3 Years ro'll'd on years successive glide,
Since first the world began,
And on the tide of time still floats,
Secure, the bark of mau.
- 4 Thus speaks the scoffer; but his
words
Conceal the truth he knows,
That from the waters' dark abyss
The earth at first arose.

- 5 Ach sgrios nach ionnan gheibh an saogh'ls'
 'S na daoine olc a t' ann ;
 Le teine lasrach millear iad,
 'S is gearr gu ruig an t-ám.
- 6 Ge fada leis na naoimh an tún,
 'S an dúil ri teachd an Triath,
 'Na shealladh-san is ionnan là
 Is linu, no mile bliadh'n'.
- 7 Cha dichuimhn' geallaidh rug air Criosc,
 Ach gaol bhi 'n sith ri daoin' ;
 A' feitheamh dh'fheuch am pillear leo,
 'S an iarr iad trócair chaoin.
- 8 Gidheadh mar ghaduich' anns an oidhche',
 Nach cum na croinn a mach,
 Grad-thuirlingidh an Triath a nuas,
 'S thig fuathas air gach neach.
- 9 Le tairneanaich 's le dealan speur,
 Na nèamha teichidh as ;
 'Na dùilean leaghaidh, 's théid an saogh'l
 'Na chaoiribh le dian theas.
- 10 O'n théid gach ni mar so a sgrios,
 Mar fhuaire sinn fios o Dhia,
 Nach iomchuidh dhuinne deasachadh
 Fa chomhair teachd ar Triath.
- 11 Cia naomh bu chòir dhuinn bhi
 gach uair
 'Nar sinuain, 'nar cainnt, 's 'nar
 gniombh,
 'Nuair tha ar sùil ri crich an t-saogh'l,
 'S ri caochladh gach aoin ni ?

LXIII. 1 Eoin iii. 1—4.

- 1 FEUCH ! saoibhreas iongantach a ghráidh
 Thug Dia ar slàinte dhuinn,
 Peacach is truaillich fós ged bha,
 Clann dha-san rinneadh dhinn.
- 2 Folaichth tha 'n t-urrnam so an trás
 'S ro-àrd á sealladh dhaoin' ;
 Mar so air Criosc e féin san fheòil
 Neo-eòlach bha an saogh'l.
- 3 Is àrd ar n-inbhe cheana 'n so,
 Ach 's airde bhios sinn shuas ;
 Gidheadh an inbhe sin cha léir
 Do neach fo 'n ghréin san uairs'.
- 4 Ach 's léir dhuinn so, gu faic sinn Dia,
 Ar Triath, seadh gnùis ri gnùis ;

- 5 But when the sons of men began
 With one consent to stray,
 At Heav'n's command a deluge swept
 The godless race away.
- 6 A diff'rent fate is now prepar'd
 For Nature's trembling frame :
 Soon shall her orbs be all enwrapt
 In one devouring flame.
- 7 Reserv'd are sinners for the hour
 When to the gulf below, [pow'r,
 Arm'd with the hand of sov'reign
 The Judge consigns his foe.
- 8 Though now, ye just, the time ap-
 Protracted, dark, unknown, [pears
 An hour, a day, a thousand years,
 To heav'n's great Lord are one.
- 9 Still all may share his sov'reign
 In ev'ry change secure ; [grace,
 The meek, the suppliant contrite
 Shall find his mercy sure. [race
- 10 The contrite race he counts his
 friends,
 Forbids the suppliant's fall ;
 Condemns reluctant, but extends
 The hope of grace to all.
- 11 Yet as the night-wrapt thief who
 To seize th' expected prize, [lurks
 Thus steals the hour, when Christ
 shall come,
 And thunder rend the skies.
- 12 Then at the loud, the solemn peal,
 The heav'ns shall burst away ;
 The elements shall melt in flame
 At Nature's final day.
- 13 Since all this frame of things must
 As Heav'n has so decree'd, [end,
 How wise our inmost thoughts to
 And watch o'er ev'ry deed ; [guard,
- 14 Expecting calm th' appointed hour,
 When, Nature's conflict o'er,
 A new and better world shall rise,
 Where sin is known no more.
- LXIII. 1 John iii. 1—4.
- 1 BEHOLD th' amazing gift of love
 The Father hath bestow'd
 On us, the sinful sons of men,
 To call us sons of God !
- 2 Conceal'd as yet this honour lies,
 By this dark world unknown,
 A world that knew not when he
 Ev'n God's eternal Son. [came,
- 3 High is the rank we now possess ;
 But higher we shall rise ;
 Though what we shall hereafter be
 Is hid from mortal eyes .
- 4 Our souls, we know, when he ap-
 pears,
 Shall bear his image bright ;

'S gu'n iompaichear gu 'choslas sinn
Tráth mhosglas sinn o'n Úir.

- 5 Gach neach 'gam bheil an dèchas so,
'Na chòmhchradh is 'na ghniomh
Biodh déigh aig air bhi naomh is glan,
Ceart amhail a bha Chriosd.

LXIV. Taisb. i. 5—9.

- 1 DHASAN a ghràdhach an'ma dhaoin',
'S a dhòirt gach braon d'a fhuil,
A chum ar ciont' a għlanad uainn,
'S ar deananam naomh gu tur:
2 Dhasan rinn sagairt 's rigħrean dhinn,
Air feadh gach linn, do Dha,
Biodh moladh, urram, agus gràdh,
Gu bràth air feadh gach ial.
3 Lionar gach beul le binn-cheòl da,
'S gach eridh' le teas-ghradh caomh,
Air talamh canar moladh dha,
'S gu h-àrd le ainglibh naomh!
4 Feuch teachd Mhic Dhé air neulaibh
'S ro-ait le 'shluagh an là; [tiugh',
Ach guilidh a luchd-casgraidd truagh,
Le àmhghar is le cràdh.
5 'S tu 'n ceud neach, 's an neach deir-eannach,
'S leat bith gun tús gun chrioch;
Maith, glic, is uile-chumhachdach
Bha, tha thu, 's bithidh chaoiħ.

LXV. Taisb. v. 6.

- 1 AIR caithir riogħail 'Athar fein,
Feuch dealradh gloir' an Uain;
Ur-urram deasaichibb d'a aium,
Is bibh le taing 'ga luadh.
2 Feuch, iosal aig a chosaibh striochdt'
Tha'n Eaglais shiorruidh shuas,
Le boltrach cùbhraidih iobairt thuis',
'S le clàraibh ciuil ri fuaim.
3 Is iad so urnuighean nan naomh,
'S na laoidhean tha iad seinn;
Ri 'u urnuigh cromaidd Criosc a
chlua,
Do'n luathghair gabhaidh suim.
4 Rùn diomhair siorruidh do thoil'
O Athair, cò d'an lèir? [naoimh,
Cò ach do Mhac a leughas sin,
'S a dh'fhuas-gaileas gach seul!
5 Cluinn! armait nèimh le'n luathghair
Timchioll na caithreach-righ; [ait,
Milte do mhiltibh 's àireamh dhoibh,
Ach 's aon a mhàin an eridh'.
6 'S airidh an t-Uan a dh' iobaireadh,
Deir iad, air iubh' ro-àrd!
'S airidh, oir b'e ar n-iobairt-ne,
Co-fħreagħadha daoin' 's gach àit!
7 Is airidh 'n t-Uan, a striochd do'n bhàs,
Air àgh is beannachd buan;

For all his glory, full disclos'd,
Shall open to our sight.

- 5 A hope so great, and so divine,
May trials well endure;
And purge the soul from sense and
As Christ himself is pure. [sin,

LXIV. Rev. i. 5—9.

- 1 TO him that lov'd the souls of
men,
And wash'd us in his blood,
To royal honours rais'd our head,
And made us priests to God;
2 To him let ev'ry tongue be praise,
And ev'ry heart be love!
All grateful honours paid on earth,
And nobler songs above!
- 3 Behold, on flying clouds he comes!
His saints shall bless the day;
While they that pierc'd him sadly
mourn
In anguish and dismay.
- 4 I am the First, and I the Last;
Time centres all in me;
Th'Almighty God, who was, and is,
And evermore shall be.

LXV. Rev. v. 6, to the end.

- 1 BEHOLD the glories of the Lamb
Amidst his Father's throne;
Prepare new honours for his name,
And songs before unknown.
- 2 Lo! elders worship at his feet;
The church adores around,
With vials full of odours rich,
And harps of sweetest sound.
- 3 These odours are the pray'rs of
saints,
These sounds the hymns they
raise;
God bends his ear to their requests,
He loves to hear their praise.
- 4 Who shall the Father's record
And hidden things reveal? [search,
Behold the Son that record takes,
And opens ev'ry seal!
- 5 Hark how th' adoring hosts above
With songs surround the throne!
Ten thousand thousand are their
tongues;
But all their hearts are one.
- 6 Worthy the Lamb that dy'd, they
To be exalted thus; [cry,
Worthy the Lamb, let us reply,
For he was slain for us.

Biodh sláinte, glóir, is aoibhneas
Árd

Gu bráth air ceann an Uain !

8 O'r cionta shaor e sinn le 'thuil,
'S thug braighde truagh' á péin;
Rinn sagairt 's ríghrean dhinn do
Dhia,

Gu riaghadh shuas leis féiu.

9 As gach aon teangaídhe agus tir,
Thionail 's thug Criodh a shliochd;
Gach dùthach chéin is innis cuain,
Fios fhuair air saoibhreas 'iochd.

10 'S airidh air géill 's air ceannusal
Criodh,
Air talamh 's nèamh gu bráth;
Is clu ni 's fearr na 's urrainn
daoin',
Thugadh naomh-aingle dha !

11 Gach neach tha 'g aiteachadh nan
No chruinne-chè a bhos; [nèamh,
Gach dùil air bith, do Righ nan
sluagh,

Seinnibh gach uair gun fhois.

12 An cruthach' aontaicheadh gu léir,
Thoirt géill is clu do 'n Triath,
Tha riaghadh auns na nèamhaibh
shuas,
'S do 'n Uan air feadhach ial.

LXVI. Taisb. vii. 13.

1CIA dealrach glór a' mhaith-shluagh
An trusgain ùr' cia geal ! [ud !
Cionnus a thàinig iad gu soills',
'S cò dh'ionnlaid dhiubh gach sal?

2Feuch, sud an dream a ràinig nèamh,
Troimh dheuchainn ghairbh is
chruaidh,
'S a nigh an trusgain ann am fuil,
Fuil ioc-slainteach an Uain.

3 Nis sleuchdar leo le glúnaibh lùb'
Gu h-ùmh'l aig caithir Dhia;
'S le an'maibh cràbhach molaidh iad
A mhòrachd seadh gach ial. [Dhé,

4 Gach eridh' bidh ait le làth'reachd
'S gach beul am fonn gu seinn;
Co-fhreagraidh 'n teampull naomh
gach tràth
D'an àrd hosana bhinn.

5 Oeras no tart cha chlaoi dh an sin,
No boisge loisgeach gréin';
'S e Dia an grian, 's o dhealradh
Sior-agaoilidh là an céin. [caomh,

6 Stiúraidh an t-Uan a naomh-threud
féin

Gu tobar slaint' nach traigh;

Is tiormaichidh gu bráth o 'n gruaidh
Deur, truaighe, bròin is cràidh.

7 To him be pow'r divine ascrib'd,
And endless blessings paid;
Salvation, glory, joy, remain
For ever on his head!

8 Thou hast redeem'd us with thy
And set the pris'ners free; [blood,
Thou mad'st us kings and priests to
And we shall reign with thee. [God,

9 From ev'ry kindred, ev'ry tongue,
Thou brought'st thy chosen race;
And distant lands and isles have
shar'd

The riches of thy grace.

10 Let all that dwell above the sky,
Or on the earth below,
With fields, and floods, and ocean's
shores,
To thee their homage show.

11 To Him who sits upon the throne,
The God whom we adore,
And to the Lamb that once was
Be glory evermore. [slain,

LXVI. Rev. vii. 13, to the end.

1 HOW bright these glorious spirits
shine !

Whence all their white array ?
How came they to the blissful seats
Of everlasting day ? [great,

2 Lo ! these are they from suff'rings
Who came to realms of light,
And in the blood of Christ have
wash'd

Those robes which shine so bright.

3 Now, with triumphal palms, they
Before the throne on high, [stand
And serve the God they love, amidst
The glories of the sky.

4 His presence fills each heart with
Tunes ev'ry mouth to sing : [joy,
By day, by night, the sacred courts
With glad hosannahs ring.

5 Hunger and thirst are felt no more,
Nor suns with scorching ray ;
God is their sun, whose cheering
Diffuse eternal day. [beams

6 The Lamb which dwells amidst the
throne,

Shall o'er them still preside ;
Feed them with nourishment divine,
And all their footsteps guide.

7 'Mong pastures green he'll lead his
flock,

Where living streams appear ;
And God the Lord from ev'ry eye
Shall wipe off every tear.

LXVII. Taisb. xxi. 1—9.

- 1 NACH glòrmhor àrd an sealladh so,
Chithear le sùilibh dhaoin' !
Am fonn 's an fhairge gabbail seach,
'S na speura sean maraon.
- 2 O nèamh thig Nuadh Ierusalem,
Làn ulluicche d'a Righ ;
Feuch nis gach ni ath-nuadhaichte;
Is fhuair sinn àgh gu sior.
- 3 Cliu seinnidh aingle coimheadachd,
Is armaitl fhlathail nèimh ;
Feuch, chi gach stùl a' chaithir-righ
Air an suidi Iosa fén.
- 4 Dh' atharraich Dia chum dhaoin' a
A phàilliu usal naomh : [nuas
Le daoin' tha chòmhnuidh : 's iad
a shluagh ;
'S d'a shluagh 's e 'n tearmun
caomh.
- 5 Deur mulaid siabaidh e le 'làimh
Gu cairdeal bhàrr an gruaidh ;
Is eugaidh eagal, caoidh, is cràdh,
Is àmhghar, bàs, is uaigh.
- 6 Feuch, gach ni saoghalta caochlaidh
So deir an Righ sior-bheò ; [mi !
An domhan as an amharc théid,
'S cha ruith tún' fén ni 's mó.
- 7 'S mi'n ceud neach, 's an neach deir-eannach,
Gun ath'rachadh, gu bràth ;
ATAIM : so m' ainm 's mo chuimh-neachan
Air feadh gach linn gu bràth.
- 8 Do dhaoinibh bheir mo ghràsa pailt
Ni maith, gun luach, gu saor ;
O dhniue thartmhoir, òl do dhiol
Do 'n ioc-shlaint so nach traogh.
- 9 Do'n ti bheir buaidh air esaontas,
Bheir mise oighreachd mic ;
Is aidichidh mi 'n làth'r gach
A ghluasad naomha glic. [sluagh,
- 10 Ach daoine neóghlan 's breugair-ean,
'S luchd-muirt thug spéis do bhàs,
Le mheud 's a dhiùlt gu h-amaid-each
Mo ghràs, le fanoid 's tàir ;
- 11 A' m' fhanuis tilgear fada sios,
An cuibhreich shiorruidh chruaidh,
Gu builsegin fairge lasaraich,
Sam faigh iad peanas buan.
- 12 O bitheam-sa air deas làimh Chriosd,
Tràth dhiobras fonn is cuan ;
Is faigheam failte uaith air m'ainm
Gu sonas anmhor buan !

LXVII. Rev. xxi. 1—9.

- 1 LO ! what a glorious sight appears
To our admiring eyes !
The former seas have pass'd away,
The former earth and skies.
- 2 From heav'n, the New Jerus'lem comes,
All worthy of its Lord ;
See all things now at last renew'd,
And paradise restor'd !
- 3 Attending angels shout for joy,
And the bright armies sing ;
Mortals ! behold the sacred seat
Of your descending King !
- 4 The God of glory down to men
Removes his bless'd abode :
He dwells with men ; his people they,
And he his people's God.
- 5 His gracious hand shall wipe the tears
From ev'ry weeping eye ;
And pains and groans, and griefs and fears,
And death itself, shall die.
- 6 Behold, I change all human things,
Saith He, whose words are true ;
Lo ! what was old is pass'd away,
And all things are made new !
- 7 I am the First, and I the Last,
Through endless years the same ;
I AM, is my memorial still,
And my eternal name.
- 8 Ho, ye that thirst ! to you my grace
Shall hidden streams disclose,
And open full the sacred spring,
Whence life for ever flows.
- 9 Bless'd is the man that overcomes ;
I'll own him for a son ;
A rich inheritance rewards
The conquests he hath won.
- 10 But bloody hands and hearts unclean,
And all the lying race,
The faithless, and the scoffing crew,
Who spurn at offer'd grace ;
- 11 They, seiz'd by justice, shall be
In dark abyss to lie, [doom'd
And in the fiery burning lake
The second death shall die.
- 12 O may we stand before the Lamb,
When earth and seas are fled,
And hear the Judge pronounce our name,
With blessings on our head !

DANA SPIORADAIL.

DAN I.

- 1 AIR t'uile thròc'air, O mo Dhia,
Tràth dhearcas mi gu dlùth,
A' mosgladh suas tha in'anam blàth,
Le h-ioghnadh gràdh, is cliu.
- 2 Cha 'n urrainn mi leo briathraibh
An taing a chur an céill, [beòil,
Tha lasadh ann am chridhe stigh,
Ach dhuits' an sin is léir :
- 3 Do fhreasdal chum mo bheatha beò,
Gun uireasbhuidh, gun dith,
Ri àm dhomh bhi sa' bhoirinn a'm'
'S an crochadh ris a' chich.[thosd,
- 4 Ri m' ghearan is ri m'o-snaich
mhaoth,
Chrom thu gu caomh do chluas,
'S mu'm b'urrainn mi aon urnaigh
dhealbh,
Do 'u bhalbh ghabh thusa truas.
- 5 Tiодhlaca lionmhòr dhèònaich
Gu tric do m'anam maoth,[t'iochd
Mun robb a'm' chridhe leanbaidh
A thoirt fa'near a h-aon. [neart,
- 6 Tràth ruith mi dian, gun mhoth-
achadh,
An ceumaibh sleamhna m' òig :
Do làmh nach facas, dhion is stiùir,
Is chum, gu so, mi beò.
- 7 O iomadh slochd do-léirsinn leam,
O rib is eangach bàis,
'S o bhuaireibh cealgach blas'd an
Thug thu mi tèaraint' slàn. [uile,
- 8 Tràth shearg mo ghruaidh fo an-
shocair
Rinn thus' i nuadh le slàint';
'S tràth bha mi báith' am peacadh
's bròn,
Do m'anam dheanaich gràs.
- 9 Shruth mile sochair shaoghalta,
O d' làimh ro fhaoilidh chaoin ;
Is ann an caraid dileas dlùth,
Dhublaich thu m' uile inhaoin.
- 10 Deich mile mhilte comhar' gràidh
Fhuair mi gach là o m' Dhia;
Is ni nach lugha, cridhe ait,
A mheal le tlachd iad rianh.
- 11 Am fad is beò mi molaidh mi
Ard-righ mo bheatha 's m'iùil ;
'S an déagh mo bhàis, an saoghal cein
Cuiridh mi 'n céill a chliu. [tir,
- 12 Tràth theirgeas nèamh, is muir, is
'S thig crioch air là is oidhche',
Mo chridhe taingeil seinnidh cliu
Do Dhia nan dùl a chaoidh.

HYMNS.

HYMN I.

- 1 WHEN all thy mercies, O my God !
My rising soul surveys,
Transported with the view, I'm lost
In wonder, love, and praise.
- 2 O how shall words, with equal
warmth,
The gratitude declare
That glows within my ravish'd
heart !
But Thou canst read it there.
- 3 Thy Providence my life sustain'd,
And all my wants redrest,
When in the silent womb I lay,
And hung upon the breast.
- 4 To all my weak complaints and cries
Thy mercy lent an ear,
Ere yet my feeble thoughts had
learn'd,
To form themselves in pray'r.
- 5 Unnumber'd comforts to my soul
Thy tender care bestow'd,
Before my infant heart conceiv'd
From whom these comforts flow'd.
- 6 When in the slipp'ry paths of youth
With heedless steps I ran;
Thine arm, unseen, convey'd me
And led me up to man. [safe,
- 7 Through hidden dangers, toils, and
It gently clear'd my way; [deaths,
And through the pleasing snares of
vice,
More to be fear'd than they.
- 8 When worn with sickness oft hast
thou
With health renew'd my face;
And, when in sins and sorrows sunk,
Reviv'd my soul with grace.
- 9 Thy bounteous hand with worldly
Hath made my cup run o'er; [bliss
And, in a kind and faithful friend,
Hath doubled all my store.
- 10 Ten thousand thousand precious
My daily thanks employ; [gifts
Nor is the least a cheerful heart,
That tastes these gifts with joy.
- 11 Through ev'ry period of my life
Thy goodness I'll proclaim;
And after death, in distant worlds,
Resume the glorious theme.
- 12 When nature fails, and day and
Divide thy works no more. [night
My ever grateful heart, O Lord,
Thy mercy shall adore.

13 Feadh linnte bith-bhuantachd gu
Togaidh mi òran binn ; [léir
Ach O! 's ro ghoirid bith-bhuantachd,
Gu moladh Dhé a sheinn.

DAN II.

1 NA speuran àrd a's àille dreach,
'S a sgoil an gorm-bhrat cian a mach,
Le 'n reultaibh dealrach maiseach
grinn, [bhinn.

Tha seinn d' an Cruithear co-sheirm

2 Tha ghrian gun sgios o là gu là,
A' sgoileadh cliu a Dia 's gach aít,
'S a glaothaich feadh gach tir' fa leth,
"Cia treun an Dia thug dhomh mo
bhith!"

3 An-moch, tràth dh'aomas neòil nan
speur,

Togaidh a' ghealach ait an sgeul ;
'S do 'n talamh, chluinn le tosd a guth,
Innsidh i cò thug dhi a cruth.

4 Na milte reul tha dh'ise dlùth,
Gach solus eile 's lòchrana iùil,
Canaidh an sgeul so fad' is cian,
O 'n àird an ear gu ruig an iar.

5 Samhach is ciuin ged tha an triall,
Mu 'n talamh dhorchas so ag iadh ;
Guth ged nach cluinnear fòs no fuaim,
'Nanimeachd dealrach tosdach shuas ;
6 Gidheadh le cluaisibh tuigse glic,
Cluinnear am fonn 's an ceòl gu tric,
A' seinn gun tèmh air feadh gach linn,
"Is tusa, Dhia, a chruthaich sinn."

DAN III.

1 TRATH dh'éireas mi le ciont' isageilt,
O leabaidh dhoirch a' bhàis,
'S a chi mi 'm Breitheamh gnùis ri
Cò ghiulaineas a láth'r. [gnùis :

2 Ma's e 's gu bheil mo chridh 'foghlait,
Seadh cheana leis an smuain
Tràth dh'sheudar trócair shaotainn
Is maitheanas gu saor ; [pait,

3 O cionnus idir sheasas mi,
Tràth dh'shoillsichear thu, Righ,
A'd' shuidh' air caithir breiteauais,
A thoirt air m'anam binn'?

4 Ach dh'innis thu do luchd a' bhròin,
Tha leònt' air son an lochd,
Gu faigh an urnuigh is an caoidh
Sàr eisdeachd uait gu beachd.

5 O seall ma ta air bròn mo chridh'
Mu 'm bi e tuilleadh 's mall,
'S eisid acain bàis mo Shlànauighir
A ghuidh dhomh slaint' gu teann.

6 Mo dhùil ri maitheanas, a Dhé,
Cha chaill mi fein gu bràth ;
Oir 's ann a chosnadh maitheanas
A fhuair do Mhac am bàs.

13 Through all eternity to thee
A joyful song I'll raise ;
For, oh ! eternity's too short
To utter all thy praise.

HYMN II.

1 THE spacious firmament on high,
With all the blue ethereal sky,
And spangled heav'ns, a shining
frame,

Their great Original proclaim.

2 Th' unwear'y'd sun, from day to
day,
Does his Creator's pow'r display ;
And publishes to ev'ry land
The work of an Almighty hand.

3 Soon as the ev'ning shades prevail,
The moon takes up the wondrous tale,
And, nightly to the list'ning earth,
Repeats the story of her birth ;

4 While all the stars that round her
burn,
And all the planets in their turn,
Confirm the tidings as they roll,
And spread the truth from pole to pole.

5 What though in solemn silence all
Move round the dark terrestrial ball ?
What tho' no real voice nor sound,
Amidst their radiant orbs be found ?

6 In reason's ear they all rejoice,
And utter forth a glorious voice ;
For ever singing, as they shine,
"The hand that made us is divine."

HYMN III.

1 WHEN rising from the bed of death,
O'erwhelm'd with guilt and fear,
I see my Maker face to face,
O how shall I appear !

2 If yet while pardon may be found,
And mercy may be sought
My heart with inward horror shrinks,
And trembles at the thought ;

3 When thou, O Lord ! shalt stand
In majesty severe, [disclos'd
And sit in judgment on my soul,
O how shall I appear ?

4 But thou hast told the troubled mind,
Who doth her sins lament,
That timely grief for errors past
Shall future woe prevent.

5 Then see the sorrows of my heart,
Ere yet it be too late ;
And hear my Saviour's dying groans,
To give those sorrows weight.

6 For never shall my soul despair
Of mercy at thy throne,
Who knows thine only Son has dy'd
Thy justice to atone.

- 1 FAILTE do 'n là san d'éirich Criod, Le cumhachd níos o'n uaigh ; 'S an d'fhuaire air gach uile nàmh, Air ifrinne 's bàs lànn-bhuaidh.
- 2 'Na leabaidh thosdaich anns an uir Ghabh Righ nan dùl a thàmh, Gu ruig an treas là ghòirmhoir sin A shonraich e roimh làimh.
- 3 Chuir ifrinne 's uaigh an làmh r'a chéil, G'a chumail shios fo ghlais ; Ach bliris an gaisgeach dheth gach Is dhùisg e'n àird gu cas. [sàs,
- 4 Do t'ainm ro àrd, a Thriath nam buadh, Gach uair bheir sinne cliu ; 'S le 'r n-aït hosana failtichidh An là san d'éirich thu.
- 5 Slàinte is clin gun chriech d'ar Dia, An Triath le'u d' shaoradh sinn ; Dha seinneadh nèamh is fonn is cuan Gach uair hosana bhinn.
- 6 Do'n Ath'r, do'n Mhac, 's do'n Spiorad Naomh, An t aon Dia beò is fior, Biadh glòir mar bha, a ta, 's a bhios, O so a mach gu sior.

DAN V.

- 1 THAINIG an uair : 's tha mis' a' triall; Chual mi 'n guth ta ga m' ghairm gu Dia ; Sguireadh m' uil' àmhghar nis, a Righ, 'S ceadaich do t'òglach triall an sith.
- 2 Chriochnaich mi nis mo chath's mo réis, [réidh ; Mo dhuais tha cionteach, 's m'anam Tha m'fhanuis shuas le Dia nan gràs, Mo theisteas anns na nèamhaibh àrd'.
- 3 M' earbsa cha 'n'eil a'm' neòchiont fèin ; Striochdam san dus am fianuis Dé : Tre fuil is fearta Chrioad a mhàin, Tha m' earbs a' d'iochd, O Dhia, 's a' d'shlàint. [saogh' ;
- 4 Cha chruaidh leam dealach' ris an t-Mur cruaidh bhi fágail luchd mo ghaoil; Leighis am bròn, a Dhia nan gràs, 'S ri call dhoibh caraid, cùm riu baigh.
- 5 Air t'iarrtus tha mi falbh gun dàil, Mo spiorad tiomnam suas do d'làimh; O ! sin a mach do ghairdean treun, 'S oghath a' bhàis dion mi le d' sgéith.
- 6 Thàinig an uair : 's tha mis' a' triall; Chual mi 'n guth ta ga m' ghairm gu Dia ; Sguireadh m' uil' àmhghar nis, a Righ, 'S ceadaich do t'òglach triall an sith.

A' CHRIODH.

HYMN IV.

- 1 BLEST morning ! whose first dawn-ing rays Beheld the Son of God Arise triumphant from the grave, And leave his dark abode.
- 2 Wrapt in the silence of the tomb The great Redeemer lay, Till the revolving skies had brought The third, th' appointed day.
- 3 Hell and the grave combin'd their force To hold our Lord in vain ; Sudden the Conqueror arose, And burst their feeble chain.
- 4 To thy great name, Almighty Lord ! We sacred honours pay, And loud hosannahs shall proclaim The triumphs of the day.
- 5 Salvation and immortal praise To our victorious King ! Let heav'n and earth, and rocks and seas, With glad hosannahs ring.
- 6 To Father, Son, and Holy Ghost, The God whom we adore, Be glory, as it was, and is, And shall be evermore.

HYMN V.

- 1 THE hour of my departure's come ; I hear the voice that calls me home ; At last, O Lord ! let trouble cease, And let thy servant die in peace.
- 2 The race appointed I have run ; The combat's o'er, the prize is won ; And now my witness is on high, And now my record's in the sky.
- 3 Not in mine innocence I trust ; I bow before thee in the dust ; And through my Saviour's blood alone I look for mercy at thy throne.
- 4 I leave the world without a tear, Save for the friends I held so dear ; To heal their sorrows, Lord, descend, And to the friendless prove a friend.
- 5 I come, I come, at thy command, I give my spirit to thy hand ; Stretch forth thine everlasting arms, And shield me in the last alarms.
- 6 The hour of my departure's come ; I hear the voice that calls me home ; Now, O my God ! let trouble cease ! Now let thy servant die in peace.

END.





